

## **Eachdraidh a' Cholaiste Tro na Bliadhnaichean**

Chithear gu h-ìosal mar a tha Sabhal Mòr Ostaig air fàs, bho sheann toglaichean tuathanais gu ionad foghlaim a tha aig cridhe ath-bheòthachadh cànan is cultar na Gàidhlig.

### **1973 - 1983**

- Togalaichean Sabhal Mòr Ostaig gan càradh
- A' chiad chùrsaichean goirid gan tabhann ann an ceòl na pìoba, na fìdhle, na clàrsaich agus anns a' Ghàidhlig
- Leabharlann an t-Sabhail ga stèidheachadh
- A' chiad obraichean làn-thìde gan cur air chois
  - Stiùiriche
  - Rùnaire
  - Sgrìobhadair
- Ceanglaichean gan dèanamh le Èirinn, a' Chuimrigh agus Canada agus le Oilthigh Shruighlea agus Oilthigh Obar Dheathain.

### **1983 - 1993**

Sabhal Mòr Ostaig a' tabhann a' chiad chùrsaichean àrd-ìre làn-thìde air an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig agus a' leudachadh prògram nan cùrsaichean goirid.

- Cùrsa làn-thìde a' tòiseachadh ann an 1983
  - Foghlam Gnìomhachais agus a' Ghaidhealtachd
  - 7 oileanach
- Oileanaich a' ceumnachadh agus a' faighinn obair sa Ghàidhlig
- Barrachd chùrsaichean làn-thìde gan dealbh
  - Teicneolas Fiosrachaidh
  - Gàidhlig & Sgìlean Conaltraidh

- Leasachadh Dùthchail
- Diploma ann an Craoladh Gàidhlig
- Barrachd is barrachd a' tighinn air na cùrsaichean goirid
- Cànan & Lèirsinn air an stèidheachadh

### **1993 - 1997**

- **1993** Togalach ùr Àrainn Ostaig ga fhosgladh
  - Stiùidio Telebhisein
  - Seòmraichean teagaisg
  - 36 seòmar-cadail
  - Seòmar-bìdh & seòmar cruinneachaidh
- **1993** Diploma ann an Telebhisean Gàidhlig a' tòiseachadh
- **1995** Sabhal Mòr Ostaig a' cur ainm ri Pròiseact OGE

### **1997 - 2000**

- **1997** Cùrsaichean ceuma Institiùd OGE nam Mile Bliadhna a' tòiseachadh
- **1998** Prìomh thogalach Àrainn Chaluim Chille ga fhosgladh
  - Seòmraichean teagaisg
  - Leabharlann
  - Seòmar-bìdh
  - Talla òraid / Talla spòrs
  - 31 seòmar-cadail
- **1999** An tùr, Lòchran an Dòmhnallaich, ga fhosgladh
  - 31 seòmar-cadail

### **2000 - 2006**

- **2000** A' chiad oileanaich cheuma a' ceumnachadh
- **2000** An Cùrsa Inntigidh

- Cùrsa ùr air astar airson fìor luchd-tòiseachaidh na Gàidhlig
  
- **2002** Ceumannan Urram BA Cànan & Cultar agus BA Gàidhlig is Iomall a' Chuain Siar gan dearbhadh, agus cùrsa BA Gàidhlig agus nam Meadhanan a' tòiseachadh. Sgeama iomlaid ga chur air bhonn le Colaiste Oilthigh Cheap Breatainn agus Oilthigh Nàiseanta na h-Èireann, Maigh Nuad.
  
- **2002** Ionad Chaluim Chille Ìle ga fhosgladh gu h-oifigeil ann an Ìle
  
- **2002** Sabhal Mòr Ostaig a' cosnadh Duais na Bànrigh airson Foghlam Leantainneach agus Àrd-ìre.
  
- **2003** Ionad Nàiseanta na h-Imrich ga fhosgladh
  
- **2004** Fàs Mòr, ionad cùraim chloinne, ga fhosgladh
  
- **2004** Còrr is 100 oileanach - an àireamh às àirde riamh - a' clàradh air cùrsaichean làn-thìde, 210 air cùrsaichean air astar agus mu 700 air cùrsaichean goirid
  
- **2005** Cùrsa for-cheum MA ann an Cultar Dùthchasach agus an Àrainneachd a' tòiseachadh, air a' theagasg air astar
  
- **2005** Leabhar 'Gealach an Fhàis' ga chur air bhog, a' leantainn eachdraidh na Colaiste agus iomairtean Ghàidhlig
  
- **2006** BA (Le Urram) Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta gus tòiseachadh ach ri dhearbhadh
  
- **2006** Rannsachadh na Gàidhlig, co-labhairt a tha air a chumail gach dàrna bliadhna air Cuspairean Ceilteach agus Gàidhlig, air a chuir air dòigh is a

chumail aig Sabhal Mòr Ostaig.

- **2007** An Cùrsa Adhartais, cùrsa air astar co-chothrom ri Teisteanas Foghlam Àrd Ìre (An Cùrsa Comais) air a dhearbhadh.
- **2007** Duais Chànain CILT airson “Guthan nan Eilean”. Pròiseact airson stuth ionnsachaidh Ghàidhlig a chruthachadh (CD’s / Bhideoan a chaidh a chlàradh ann an coimhearsnachd Uibhist) agus a bha na phàirt de Phròiseact Eòrpach a bha air a stiùireadh le Sabhal Mòr Ostaig
- **2007** MA/MA (le Urram) Gàidhlig le Foghlam air a dhearbhadh. Leasachadh ri chèile eadar UHI Institiud OGE nam Mìle Bliadhna agus Oilthigh Obar Dheathain. ‘S e co-cheum a tha seo, a toirt ceum ann an Gàidhlig is duais proifeiseanta ann an teagasg do dh’ oileanaich.
- **2008** Fosgladh de Ionad Fàs. An t-Ionad ùr airson ghnìomhasan cruthachail is cultarail.
- **2008** Ath-bhreithneachadh is ath-dhearbhadh de na cùrsaichean BA/BA (le Urram) Cànan is Cultar, agus BA/BA (le Urram) Gàidhlig is Iomall a’ Chuain Siar. Chaidh an cùrsa “Gàidhlig is Iomall a’ Chuain Siar” ath-ainmeachadh gu BA/BA (le Urram) Gàidhlig is Leasachadh.
- **2008** Tòiseachadh den a’ chùrsa MA/MA (le Urram) Gàidhlig le Foghlam.